

# NA DUILLIAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

ÀIREAMH 12 | 2017 | AN DÙBHLACHD



Caisteal Chàrn Asaraidh, faisg air Cille Mhàrtainn ann an Earra Ghàidheal, far an robh Séon Carsuel, Easbaig Earra Ghàidheal a' còmhnaidh. B' e an Carsalach Mòr, a chuir a' chiad leabhar Gàidhlig, 'Foirm na nUrruidheadh' ann an clò ann an 1567, © Richard Paxman.

## Facal Toisich

Mar a tha sinn a' tighinn dlùth ri deireadh bliadhna eile, bidh mòran bheachdan ag èirigh nar n-inntinn. Bidh sinn a' coimhead air ais air rudan a thachair nar beatha phearsanta is theaghlach tron bhliadhna. Bidh sinn a' cuimhneachadh air tachartasan tlachdmhor a thug toileachas is taingealachd dhuinn. Bidh cuid mhath dhuinn air bròn fhiosrachadh cuideachd. Ma chaill sinn neach gràdhach anns na mìosan sin a dh'fhalbh, bidh deireadh na bliadhna gun teagamh a' meudachadh na chaill sinn agus a' tarraing aire don àite fhalamh a tha san dachaigh agus san teaghlach.

Aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta, tha a' bhliadhna seo air a bhith a-rithist duilich. Aig an taigh, dh'fhiosraich sinn tuilleadh mì-chinnt agus còmhstri phoilitigeach, le tuilleadh ionnsaighean ceannairc ag adhbhrachadh call beatha, eagal is dòrainn. Tha mòran de dhaoine air feadh an t-saoghail fhathast le fòirneart is cogadh a' leantainn orra nam beatha. Tha suidheachadh fògarraich is fàs ann am bochdainn fhathast nan duilgheadasan is nan dùbhlanan mòra.

Anns an dorchadas, ge-tà, tha solas. Ann am mòran àiteachan chì sinn an t-uamhas de dhaoine le deagh-ghean agus fèin-ìobairt a' coinneachadh ri feumalachdan – corporra agus spioradail – dhaoine a tha ann am bochdainn is fo ana-cothrom. Gu tric cluinnidh sinn sgeulachdan a bhlàthaicheas ar cridhe mu thruacantas, dhealasachd is fhearalachd dhaoine a bheir seirbheis seachad don co-chreutairean gun ghuth air, gun a bhith a' sireadh moladh no duais.

Ann am bristealachd ar saoghal, bheir ar creideimh Chrìosdail dhuinn adhbhar airson misneachd agus dòchas. Tha sinn faisg air an Nollaig aon uair eile. Nuair a thàinig Crìosd bha sin a' ciallachadh gun tàinig Dia fhèin nar measg. Tha Leanabh Bhetlehem a' toirt dhuinn solas anns an dorchadas agus a' fosgladh dhorsan dòchais ùra dhuinn san àm ri teachd.

**Beannachdan na Nollaige dhuibh uile.**

**Am Fìor-Urr. An t-Ollamh Aonghas Moireasdan**



Foirm na nUrruidheadh' a chaidh fhoillseachadh ann an 1567 © Priomh Leabharlann Oilthigh Dhùn Èideann.

## Cùil nan Ceist

(bho Àireamh 9 – 2001 – An t-Sultain)

An turas seo tha sinn a' smaoinichadh air cuid de na càirdean a bha aig an abstol Pòl, daoine a bha ga chuideachadh ann an obair an t-Soisgeil. An dèidh gach ceist gheibhear a' chaibideil anns am faighear ainmean nan càirdean sinn. Tha freagairt nan ceist air a' cheathramh duilleig.

1. Chaidh e còmhla ri Pòl air an darna cuairt a ghabh e a' searmonachadh an t-Soisgeil. (Gnìomharan, caibideil 15)
2. Cò mu dheidhinn a tha Pol a' sgrìobhadh an seo: "Is minig a thug e sòlas dhòmhsa?" (2 Timoteus, caibideil 1)
3. Càit an do rugadh Apollòs, fear de chompanaich Phòil? (Gnìomharan, caibideil 18)
4. Cuir crìoch air na faclan seo mu Mharcus: "Tha e ... dhòmhsa." (2 Timoteus 4)

# Leabhraichean

Lèirmheas Leabhair

*Learning from Lord Mackay: Life and Work in Two Kingdoms*

Le J. Cameron Fraser

Foillsichte le SoS-Books, Lethbridge: Alberta (2017), pp. 128


Tha ùghdar an leabhair ùidheil seo, Albannach a rugadh ann an Zimbabwe do phàrantan a bha nam misean-araidhean agus a bha e-fhèin na mhinistear ann an Canada, airson a dhèanamh soilleir gu bheil e a' sgrìobhadh mar aistiche seach mar eachdraiche-beatha. Ged a tha e ag amas gu sònraichte air luchd-leughaidh ann an Ameireaga a Tuath, bidh ùidh mhòr aig luchd-leughaidh Breatannach cuideachd anns na tha e toirt am follais mu bheatha agus shaothair Mòrair Chlashfern. Gu dearbh, mar fhear a tha fìor aithnichte agus air a bheil spèis ann an cearcaill lagha air feadh an t-saoghail, thèid luach a chur air eadhon nas fharsainne.

Dhaibhsan a b' aithne am Mòrair Chlashfern, the e doirbh gun a bhith ga àrd-mholadh nuair a thathar a' bruidhinn mu dheidhinn. Bha cùrsa-beatha àibheiseach aige, an toiseach ann am matamataig agus an uairsin ann an lagh. Bha e na Mhorair Tagraidh na h-Alba agus às dèidh sin na Àrd Sheansalair bho 1987 gu 1997, an ùine a b' fhaide a bha neach san dreuchd sin san fhicheadamh linn. Ann am briathran aon de na Cinn-suidhe a bh' air Comann Lagh na h-Alba, 'chan e mhàin gur e neach barraichte a th' ann na dhreuchd fhèin, 's e aon de na sgoilearan Albannach as àirde comais a bh' ann riamh'. B' e beachd Mhairead Thatcher gur e 'an neach-lagha a b' fheàrr na mo riaghaltas'. Fhuair e làn thaic rè a chùrsa-beatha òirdheirc bho a bhean, a' Bhaintighearna NicAoidh, air an tug e an tuairisgeul 'buileach iongantach'.

Tha an leabhar a' mìneachadh, ann an dòigh shoilleir agus tharraingeach, na chuir am Mòrair Chlashfern ri cùisean mòra poblach agus laghail a latha. Tha e air urraman do-àireamh fhaighinn. Bhuilich a' Bhanrigh in-bhe Ridire a' Chluarain air ann an 1997. Ann an 2005 is 2006, bha e na Phrìomh Àrd Choimiseanair (riochdaire na Banrigh) aig Àrd Sheanadh Eaglais na h-Alba.

Tha mòran a bharrachd, ged tha, mu Sheumas MacAoidh na tha ri fhaicinn san fhiosrachadh sin. Tha a bheatha agus a chùrsa-obrach air a bhith air an comharrachadh le irioslachd, gràs agus co-fhaireachdainn a tha nan sgàthan air a dhealas Chrìosdaidh agus a mhiann seirbheis a thoirt dha Thighearna anns gach raon de bheatha. Chan e fear a th' ann a bhios a' giùlan diomb no a' sireadh dìoghaltas bho chonnsaidean eaglaiseil is poilitigeach.

Air uairean, tha fìu 's feadhainn a nochd air a bheulaibh is e na bhrìtheamh air feartan sònraichte an duine aithneachadh. Thàinig aon dhe na brathan meal-a-naidheachd a fhuair Seumas air dha bhith air a shuid



heachadh mar Àrd Sheansalair bho thalla pool ann an Glaschu, Rath math nad obair ùir, sir! Feumaidh tu sin! Bho Bhalaich Ghlaschu'. Turas eile roimhe sin, sgrìobh marsanta seann mheatailt a bha air a bhith aig cùis-lagha air an tug Mòrair Chlashfern breith ga mholadh airson an dòigh san robh e air binn a thoirt seachad air òganach àraidh 'mar gur tu athair'. Bha teachdaireachdan mar sin bho 'dhaoine cumanta' a' còrdadh gu mòr ri Seumas.

Ged is e aon de phrìomh amasan an leabhair, am Mòrair Chlashfern, a shuidheachadh a thaobh na connspaid 'dà rìoghachd' a tha an ìre mhath Ameireaganach, tha e air obair mhath a dhèanamh ann a bhith a' toirt sàr Albannach, neach-lagha agus Crìosdaidh gu aire a' mhòr-shluaigh. Tha an aiste smuain-spreigeach 'a' glacadh spiorad a' Mhorair Chlashfern fìor mhath'. Cha leig thu leas aontachadh leis gach seasamh a ghabh Seumas MacAoidh gus tuigsinn gur e seo beatha bhon fhaod sinn uile ionnsachadh.

Aonghas Moireasdan

## Searmon Beag

(bho Àireamh 12 – 2012 – An Dùbhlachd)  
Bheir iad Emànuel mar ainm air. (Mata 1:23)

Dè tha àm na Nollaig a' ciallachadh? An gabh sin cur ann an aon fhacal?

Nan cuireadh tu a' cheist air neach òg, 's dòcha gun canadh iad gur e laoidhean a tha na Nollaig a' ciallachadh dhaibh-san. Gun teagamh tha tarraing iongantach air na seann laoidhean sìmplidh a bhios air an seinn aig an àm seo de'n bhliadhna. Ge b' e cànan anns a bheil Ciùin an Oidhch' air a sheinn, tha na faclan agus am fonn a' dèanamh làraich air daoine.

Nam biodh aig òganach ri aon fhacal a thaghadh, 's dòcha gun canadh e tìodhlacan. Aig an Nollaig bidh tìodhlacan air an toirt seachad. Bidh na milleanan air an cosg anns na bùithean air tìodhlacan Nollaig. Tha an t-àm seo a' togail ar n-inntinn chun an tìodhlaic as iongantach a tha ann: *Is ann mar sin a ghràdhach Dia an saoghal, gun tug E aon-ghin Mhic fhèin, a-chum ge b' e neach a chreideas ann nach sgriosar e ach gum bidh a'*

bheatha shìorraidh aige.

Tha iomadh facal sgrìobhte anns an Tiomnadh Nuadh mu bhreith Ìosa agus mu adhbhar a theachd. Ach tha an Tiomnadh Nuadh a' toirt geàrr-chùnntais air teachdaireachd na Nollaig ann an aon fhacal: *Emànuel*.

Nuair a bha Ìosa gu bhith air a bhreith, tha Mata ag innse dhuinn gum biodh Emànuel air a thoirt mar ainm air, a' coileanadh fàidheadaireachd a tha againn ann an leabhar Mhìcah anns an t-Seann Tiomnadh.

'S e as ciall don ainm Emànuel, gu litireil, Dia maille rinn.

Nach misneachail an teachdaireachd sin, gu bheil Dia ann an Ìosa Crìosd còmhla rinn anns a h-uile suidheachadh nar beatha, na beanntan soilleir agus na glinn dhorcha, na làithean aoibhneach agus na làithean brònach. Ann an dachaidh ann an Nàsaret dh'fhiosraich Ìosa na rudan a bhios a' bualadh air a h-uile teaghlach chun an latha an-diugh, na rudan beaga agus na rudan mòra, na h-amannan riaslach trang agus na h-amannan saorsainneil socair.

## Gàidhlig Shìmplidh

(bho chaochladh Àireamhan)

**Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Air tròcairean an Tighearna gu bràth seinnidh mi." Sin mar a tha an naodhamh salm thar cheithir fichead a' fosgladh. (Salm 89:1) Tha e furasda a bhi toilichte taingeil nuair a tha rudan a' dol leinn. Ach nuair a tha rudan duilich a' tachairt nar beatha, chan eil sin cho furasta. Ach thubhairt an salmadair gum biodh e a' moladh Dhè aig a h-uile àm. Air làithean dorcha agus air làithean soilleir bha spiorad a' mholaidh aige. Sin mar a bha Pòl. Bhiodh e tric ag ràdh, "Buidheachas do Dhia."**

Tha Nollaig eile a' tighinn faisg. Bidh clann na sgoile toilichte, oir tha saor-làithean aca. Bidh càirdean a' cuimhneachadh air a chèile. Bidh sinn a' sgrìobhadh gu càirdean aig an àm seo den bhliadhna. Tha e math a bhith a' faighinn fios o chàirdean. Tha e math a bhith a' cuimhneachadh air breith Ìosa le bhith a' leughadh nan Sgrìobtar.

**Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Rathad cam chun a' chaisteil." (A crooked road to the castle.) Dè tha am facal sin a' ciallachadh? Cuin a bhios duine ga chleachdadh? Canaidh sinn seo ma bheir cuideigin ùine mhòr a' dèanamh rud-eigin. Dh'fhaodadh iad a dhèanamh na bu luaithe. Ach rinn iad e ann an dòigh a bha slaodach. Canaidh sinn seo ma ghabhas cuideigin slighe fhada, ged a tha slighe nas giorra ann.**

Tha far-ainm aig iomadh eilean. Canaidh sinn "Eilean a' Cheò" ris an Eilean Sgitheanach. Bidh daoine a' toirt "Eilean an Fhraoich" ri Leòdhas. Bidh "Tìr a' Mhurain" againn air Uibhist. Ma tha sinn eòlach air na h-eileanan sin, bidh fios againn gu bheil na h-ainmean nan freagarrach. Chan eil duine a' fuireach an-diugh ann am Pabaigh na Hearadh. Bha boireannach a bha uaireigin a' fuireach ann am Pabaigh, agus 's e "Eilean nam Beannachd" a thug i air. Ged a bha i a-nis fada on eilean far an do rugadh i, bha cuimhne aice air na bean-nachdan a fhuair i ann, timeil agus spioradail.

## Tòimhseachan Tarsaing

1	2		3		4		5	
6								
7	8				9			
10							11	
12					13			

### Tarsaing

1. Cha bhristear fear thrì-dual dhiùbh gu h-obann – Ecclesiastes, caibideil 4. (4)
4. Rinn Ìosa seo – Marcus 4. (4)
6. "---- a ----" – Eabhraidhich 11. (4, 5)
7. Cha tàinig Ìosa airson seo a bhristeadh – Mata 5. (4)
9. "Na ----air ais i" – Lùcas 6. (4)
10. Teachdaire aosmhor, mar a bha Eli – 1 Samuel 2. (5, 4)
12. Mar a rinn na deisciobail leis an aran – Gnìomharan 20. (4)
13. "Cha b' e mo ---- thug maslath dhomh" – Salm 55, ann am meadrachd, (4)

### Sìos

2. Cha robh seo aig na h-òighean amaide ach – Mata 25. (3)
3. Bha seo air an talamh on t-siathamh uair – Marcus 15. (9)
4. "--- ---- an là" – Iòel 1. (3, 6)
5. Cha dèan e feum thu fhèin a nighe leis – Ieremiah 2. (5)
8. Tha dòchas mar seo – Eabhraidhich 6. (5)
11. "Na --- mo chrìdh', a Dhè" – Salm 141, ann am meadrachd. (3)





## AM FEAR-DEASACHAIDH

Gus an tèid Deasaiche ùr a thaghadh, faodaidh sibh post-d a chur dhan Bhuidhinn Ghàidhlig aig neacag@gmail.com ma bhios pìosan sgrìobhte no litrichean agaibh airson nan ath irisean.

## Thall 's a-Bhos

### RANN

*Buan-mhairidh gràdh air feadh gach linn,  
Ach sguiridh creideamh 's dùil;  
'Se gràdh a ghluaiseas sinn gach linn,  
A sheinn do Rìgh nan Dùl.*

Tha an rann sin air a stèidheachadh air earrainn ainmeil ann an ceud litir nan Corintianach: Ach a-nis fanaidh creideamh, dòchas, gràdh, na trì nithean seo; ach is e an gràdh as mò dhiubh seo.

### ADHBHAR GÀIRE

Bha ministear ann a bha glè dhèidheil air a bhith ag iasgach. Bhiodh an coitheanal a' tarraing às mun chur-seachad seo a bha aige. Dh'fhaighnich cuideachd dha dè an cudthrom a bha an t-iasg bu truime a ghlac e riamh. Uill, ars am ministear, cuiridh mi mar seo e. Dh'iarr mi air caraid dhomh dealbh an èisg a thogail, agus bha e cho trom agus gu robh trì puinnd de chudthrom anns an dealbh fhèin.

## Fuasgladh nan Ceist

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn mu na companaich a bha aig Pòl nuair a bha e a' craobh-sgaoileadh an t-Soisgeil.

1. Silas.
2. Onesiphorus.
3. Alecsandria.
4. "feumail".

Tha sinn an dòchas nach robh na ceistean tuilleadh is duilich!

### NEART NA H-EAGLAISE

“O! b' fheàrr gun cuimhneachadh gach Eaglais nach eil tèarainteachd no soirbheachadh dhi mur eil an abhainn a tha a' dèanamh cathair Dhè ro-ait ga cuartachadh. The buill gach Eaglaise ullamh air bòsd à nì-eigin ar leo a bhuineas san Eaglais fhèin – nì-eigin a tha 'nam beachd-san gan comharrachadh a-mach o gach Eaglais eile; ach tha e air a ràdh rinn, 'Chan ann le neart no le cumhachd, ach le mo Spiorad-sa, deir Tighearna nan sluagh'.” An t-Oll. Urr. Tormod MacLeòid, Caraid nan Gàidheal.

## Ùrnaigh

(bho Àireamh 12 – 2001 – An Dùbhlachd)

A Dhè thròcairich,  
ged a tha sinne  
gad dhìochuimhneachadh,  
chan eil Thusa a' dèanamh  
dìochuimhne no dearmaid oirne.  
Tha sinn a' toirt taing dhut  
airson teachd Ìosa  
a dh'ionnsaigh na talmhainn,  
gur Esan Solas an t-saoghail,  
Aran na Beatha,  
am Buachaille Math

Amen